

## ***Tha Eòghainn Rothach ag innse mun sgrìobhadair J. K. Rowling.***

### **Pàirt 1**

Rugadh J. K. Rowling ann an Sasainn ann an naoi ceud deug seasgad 's a còig. Ann an latha an-diugh, tha i ainmeil airson an t-sreath-leabhraichean a sgrìobh i, *Harry Potter*. Tha na leabhraichean seo air iomadh duais a bhuanachadh. Chaidh ceithir cheud millean leth-bhreac dhiubh a reic on a dh'fhoillsicheadh iad an toiseach.

Bhiodh Rowling a' sgrìobhadh sgeulachdan nuair a bha i san sgoil agus bha i air beagan sgrìobhaidh a dhèanamh mar inbheach mus do thòisich i air *Harry Potter* ann an 1990. Aig an àm sin, bha i a' dèanamh rannsachadh do bhuidheann eadar-nàiseanta còraichean dhaoine. An latha a bha seo, bha i air trèana a bha air dheireadh eadar Manchester agus Lunnnainn. Thàinig sgeulachd *Harry Potter* thuice fhad 's a bha i air an trèana. Cho luath 's a ràinig i an taigh an oidhche sin, chuir i a smuaintean air pàipear. A dh'aindeoin seo, chaidh seachd bliadhna seachad mus do chuir i crìoch air a' chiad nobhail. Cha robh cùisean furasta do Rowling anns an ùine sin. Goirid às dèidh dhi töiseachadh air an leabhar, bhàsaich a màthair. Għluais i a Phortagail agus phòs i an sin. Ach cha do mhair am pòsadh fada agus dhealaich i fhèin agus an duine aice mun àm a rugadh nighean dhaibh. Ann an 1993 għluais i à Portagail a Dhùn Èideann. Cha robh i ach air trì caibideilean den chiad leabhar *Harry Potter* a chrìochnachadh.

### **Pàrt 2**

Ann an 1995, chuir Rowling crìoch air a' chiad leabhar anns an t-sreath *Harry Potter*. Chaidh an leabhar a dhiùltadh le mòran fhoillsichearan mus do ghabh Bloomsbury ris. Cha deach an leabhar fhoillseachadh gu 1997 agus cha deach ach mìle leabhar a chlò-bhualadh an toiseach. Chaidh innse do Rowling le *Bloomsbury* gum bu choir dhi obair àbhaisteach fhaighinn. Bha iad den bheachd nach robh mòran airgid ann an leabhraichean chloinne.

Cha b' fhada gus an do thòisich an nobhail air duaisean a bhuanachadh ge-tà. Thàinig atharrachadh mòr air beatha J. K. Rowling agus dh'fhàs i na b' ainmeile leis gach leabhar a chaidh fhoillseachadh. Cha b' fhada gus an robh i air tè de na boireannaich a bu bheartiche anns an Rìoghachd Aonaichte. Ann an 2010, chaidh a h-ainmeachadh le diofar irisean mar am boireannach as buadhlaiche anns an dùthaich. Chaidh an seachdamh leabhar agus an leabhar mu dheireadh den t-sreath *Harry Potter* fhoillseachadh ann an 2007. B' e an leabhar a bu luithe a chaidh a reic a-riamh. Tha na leabhraichean a chruthaich J. K. Rowling a-nis rin leughadh ann an seasgad cànan 's a còig.

Tha J.K. Rowling air buaidh mhaireannach a thoirt air litreachas an t-saoghal. Ged a tha leabhraichean *Harry Potter* a-nise deiseil, tha J. K. Rowling air cumail oirre le sgrìobhadh agus tha i air diofar leabhraichean soirbheachail eile a thoirt a-mach anns na bliadhna chan mu dheireadh. Tha obair Rowling air feum mòr a dhèanamh ann a bhith a' brosnachadh na cloinne gus barrachd leabhraichean a leughadh aig àm nuair a bha iad cùl riutha ri linn na bha ri fhaicinn air an telebhisean agus ri chluich air a' choimpiutair. Tha seo a' toirt piseach air sgilean litreachais na h-òigridh.